

Under embargo until 19:00 BST 05/10/2021



Chaidh an sianar luchd-ciùil a chaidh a thaghadh airson cluich aig Showcase Scotland agus Celtic Connections sa Ghearran 2022 ainmeachadh agus a' Chuimrigh ag ullachadh airson an tachartas taisbeanadh mar chom-pàirtichean eadar-nàiseanta.

Mar phàirt de chur air bhog prògram fèis Celtic Connections 2022, tha Wales Arts International air leth toilichte an sianar luchd-ealain airson taisbeanadh Cymru Wales ainmeachadh a bhios a' cluich ann an cuirmean-ciùil aig Celtic Connections agus aig tachartasan a' ghnìomhachas ealain Showcase Scotland ann an 2022, far as e a' Chuimrigh an dùthaich eadar-nàiseanta a bhios ga nochdadh am-bliadhna. Tha 15 bliadhna bho bha a' Chuimrigh na chom-pàirtiche eadar-nàiseanta aig an tachartas.

Is e an taghadh deireannach de luchd-ciùil **Spotlight Cymru Wales 2022**:

[Cynefin](#) – Ceredigion

An sealladh cruthachail aig Owen Shiers à taobh siar na Cuimrigh, bidh Cynefin a' siubhal tron àrainneachd ciùil ionadail, a' lorg òrain agus sgeulachdan – cuid nach

deach a chlàradh a-riamh roimhe – agus a’ toirt beatha ùr dhaibh san latha an-diugh.

### [Eve Goodman](#) – Gwynedd

Na neach-ciùil dà-chànanach à ceann a tuath na Cuimrigh, tha ceòl Eve Goodman freumhaichte anns na faireachdainnean aice mu àite agus air a ghiùlan le guth soilleir. Tha Eubha a’ fighe a-steach an saoghal nàdarra agus a’ bhòidhchead timcheall oirre, agus tha na faclan aice a’ nochdadh na tha e a’ ciallachadh a bhith daonna aig an àm seo.

### [N’famady Kouyaté](#) – Cardiff / Guinea

Tha an sàr neach-ciùil N’famady Kouyaté à Guinea (Conakry), a’ ceangal fuaimean beòthail Mandingue Afraganach ri ceòl a tha fo bhuidh jazz, pop, indie agus func taobh siar na Roinn Eòrpa. Bidh fuaimean drùidhteach a’ bhalafoin a’ lìonadh gach rud a chruthaicheas e le toileachas.

### [No Good Boyo](#) - Cardiff

Ged a tha buaidh aig ceòl dùthchasach air a’ chòmhlán sgairteach NoGood Boyo, bidh na diofar bhuillean roc, pop agus EDM aca a’ cur fruis ann an seann fhuinn thraidiseanta na Cuimrigh. Ge bith càite an tèid iad bidh hòro-gheallaidh. Dèan le sùrd e no na dèan idir e!

### [Pedair](#) – ceann a tuath na Cuimrigh

Tha cuirmean beò Pedair air mòran a chur fo gheasaibh. Tha an co-sheirm, am mìneachadh ùr air traidisean na Cuimrigh, agus cho pearsanta ’s a tha briathran nan òran a’ nochdadh nan tàlantàn sònraichte aca mar luchd-aithris òrain, agus iad air am brosnachadh le ceòl na Cuimrigh agus nas fhaide air falbh.

### [The Trials of Cato](#) – Wrexham

Le fuinn shùrdail agus sgeulachdan tarraingeach, tha The Trials of Cato (air an tug J Davis “The Sex Pistols of folk”) a’ toirt ùmhlachd do dhualchas san fhuaim aca agus iad a’ sniomh rudeigin froganta agus ùr-nodha à seann shnàithlean.

Chaidh an taghadh mu dheireadh a dhèanamh le Stiùiriche Ealain [Celtic Connections](#), **Dòmhnall Seathach**, a thuirt *“Tha sgil agus iomadachd an luchd-ciùil às a’ Chuimrigh dìreach fhèin iongantach agus tha mi a’ dèanamh fiughar ri bhith gam faicinn a’ cluich ann an Celtic Connections am-bliadhna.*

*Le 2022 a’ tòiseachadh deichead nan Dùthchannan Aonaichte airson chànanan dùthchasach tha sinn a’ coimhead air adhart ri bhith ag èisteachd ri cànanan dùthchasach agus a’ cruthachadh àite air an son.”*

Bidh an tachartas taisbeanaidh aig Showcase Scotland a’ gabhail àite air **4 Gearran**

2022, aig an aon àm ri [Dydd Miwsig Cymru](#), latha airson a' chuid as fheàrr de cheòl na Cuimris a chomharrachadh.

Tha 2022 cuideachd a' comharrachadh toiseach [Deichead Chànanan Dùthchasach nan Dùthchannan Aonaichte](#), a tha a' nochdadh na h-èiginn sa bheil cuid de na cànanan as lugha san t-saoghal. Mar nàisean sa bheil ar cànan Cuimris dhùthchasach air a dìon le reachdas, tha luchd-ealain agus buidhnean cultarail Cuimreach a' co-obrachadh le cultaran is cànanan eile a tha fo ana-cothrom le bhith a' cumail suas agus a' sgaoileadh bheachdan mu chànanan agus mion-chultaran air feadh an t-saoghail. Tha ceòl na mheadhan cumhachdach airson cànanan a sgaoileadh agus na cùisean seo a sgrùdadh, mar a tha an sianar luchd-ealain seo a' nochdadh tro na gnìomhan ioma-chànanach aca.

Thuir **Eluned Hâf**, Ceannard [Wales Arts International](#), *“Tha sinn air ar dòigh glan a bhith ag obair le luchd-ealain cho tàlantach air a’ chothrom taisbeanadh chudromach seo. Leis gur e sinne an dùthaich a tha ga nochdadh ann an 2022 tha cothrom againn ar taisbeanadh fhèin mar dhùthaich Cheilteach le dearbh-aithne agus cànanan smiorail, eadar-mheasgte agus spreigeach.”*

*“Tha mòran den luchd-ealain gam brosnachadh leis an àrainneachd mun cuairt orra, a’ ceangal briathran agus fuaimmean ri dualchainnt agus eachdraidh na sgìre ionadail aca agus an dàimh a th’ aige ris an t-saoghal, agus le bhith a’ sgrùdadh beul-aithris agus uirsgeul a bheir buaidh air na h-òrain aca.”*

*“A bharrachd air leantainn gu leasachadh dreuchdail agus barrachd chothroman siubhail don luchd-ealain, leanaidh dileab a’ phrògraim seo gu co-obrachadh nas dlùithe a thaobh dèiligeadh ri cùisean cultarail is cànanach cruinneil eadar luchd-ealain sa Chuimrigh agus dùthchannan Ceilteach, eile a’ toirt a-steach Alba, Èirinn agus a’ Bhreatann Bheag.”*

*“Bidh an cruaidh fheum air fuasglaidhean fhaighinn airson àm ri teachd nas seasmaiche agus an t-àite cudromach a bhios aig ceòl is na h-ealain gu mòr air inntinn dhaoine, le Co-labhairt Atharrachadh Cliomaid nan Dùthchannan Aonaichte (COP26) a’ gabhail àite ann an Glaschu dìreach dà mhìos ro Showcase Scotland.”*

Bha am pròiseas taghaidh air leth farpaiseach agus sheall e spionnadh, farsaingeachd agus feabhas ceòl cruinne, dùthchail agus roots sa Chuimrigh, le 42 neach-ealain a’ dèanamh tagradh airson a’ chothrom taisbeanadh.

Chaidh geàrr-liosta de 15 neach-ealain a dhèanamh tro phròiseas measaidh dà-ìre le panail fo stiùir Manaidsear Portfolio Comhairle Ealain na Cuimrigh **Lisa Matthews-Jones**, a thuir: *“Cho math ri bhith a’ comharrachadh sianar luchd-ealain air leth a bheir ceòl Cuimreach don t-saoghal aig Showcase Scotland, sheall am pròiseas taghaidh seo cuideachd càileachd, iomadachd agus spionnadh iongantach a’ chiùil a tha luchd-ciùil a’ cruthachadh thar grunn ghnèithean sa Chuimrigh an-diugh.”*

Air a' phanail taghaidh bha Deborah Keyser (Tŷ Cerdd), Andy Jones (Focus Wales), Danny Kilbride (trac) Gareth Iwan Jones (BBC Radio Cymru), Helen Needham (BBC Radio Scotland), Keith Harris OBE (Ball Bùird EFEx) agus an luchd-ealain Eädyth Crawford, Emma Daman-Thomas (Islet), an seinneadair Aleighcia Scott, Eluned Hâf (Wales Arts International), Antwn Owen-Hicks (Comhairle Ealain na Cuimrigh) agus Judith Musker Turner (Wales Arts International). Chaidh an taghadh deireannach a dhèanamh le Dòmhnall Seathach, Stiùiriche Ealain Celtic Connections.

Airson tuilleadh fiosrachaidh agus beachdan, cuir fios gu

Catrin Morris

02920 441332

[catrin.morris@wai.org.uk](mailto:catrin.morris@wai.org.uk)

[Lean Wales Arts International](http://www.leanwalesartsinternational.org)

### **Nòtaichean do luchd-deasachaidh:**

Tha Celtic Connections na phrìomh fhèis ciùil traidiseanta, roots agus ceòl cruinne a bhios a' comharrachadh ceòl Ceilteach agus na ceanglaichean aige ri cultaran air feadh an t-saoghail, air a cumail ann an ionadan air feadh Ghlaschu san Fhaoilleach.

Tha Showcase Scotland na thaisbeanadh còig-latha agus tachartas malairt ciùil eadar-nàiseanta le tàlant à Alba cho math ri com-pàirtiche eadar-nàiseanta gach bliadhna. Is e Showcase Scotland an tachartas gnìomhachas ciùil eadar-nàiseanta as motha ann an Alba agus bidh e a' tàladh luchd-clàraidh, luchd-adhartachaidh fhèisean, luchd-eagrachaidh thachartasan, riochdairean agus proifeiseantaich gnìomhachas ciùil bho air feadh an t-saoghail. Bidh Showcase Scotland a' tachairt gach bliadhna aig Fèis Celtic Connections

Bidh a' Chuimrigh a' dol gu Showcase Scotland fo shuaicheantas Riaghaltas na Cuimrigh, Cymru Wales, a' co-riochdachadh susbaint mheadhanan didseatach leis an luchd-ealain airson an cleachdadh aig an taisbeanadh agus nas fhaide air falbh.

Tha co-bhanntachd de bhuidhnean ciùil Cuimreach nan com-pàirtichean anns a' phrògram Cymru Wales Spotlight 2022, nam measg Focus Wales, Neuadd Ogwen, Comann Ealain is Cultar Butetown, BBC Cymru Wales, Riaghaltas na Cuimrigh, Comhairle Bhreatainn, Theatr Mwlidan, trac, Taigh Cerdd, Pyst agus an Eisteddfod Nàiseanta.

ENDS